

[Clàr 72] Ann an glasadh an latha, tha an dà arm air an cumadh thar an rèidhle. As dèidh nan seachdainean mòra de mheàrsadh 's de ghluasadan bidh an blàr aca mu dheireadh!

[Clàr 73] 'S a' ghrian ag èirigh air an cùl, a' sgaoileadh a' bheagain a bh' ann de cheò, nì na Gaidhil ùrnaigh sgiobalta . . .

[Clàr 74] . . . mus tilg iad iad fhèin air an nàmhaid! Le claidheamh rùisgte 's piob a' sgalartaich, tha na Gaidhil a' dol 'nan tonn-bàithte!

[Clàr 75] Tha gunnairean Choipe a' teicheadh on t-sealladh eagallach, a' fàgail an oifigearan uabhasaichte ag obrachadh nan canan leotha fhèin: le leus lasraichean agus smùid thiugh a' brùchdadh, tha na canain a' losgadh a-staigh do dh'arm Rìgh Sheumais.

[Clàr 76] Tha fuaim nan gunnathan a' dùsgadh muinntir na sgìre, agus ruithidh iad a dh'fhaicinn de tha tachairt bho thobhtaichean Tùr Phreston.

[Clàr 77] Tha an ionnsaigh fhiadhaich a' bualadh nan canan trèigte, a' bristeadh cliathaich nan dearganach!

[Clàr 78] Tha an Còirneal Whitney a' feuchainn ri ionnsaigh thoirt le mharcshluagh, ach tha e air a losgadh far an eich aige. Tha na marcaichean a-nis 'nam breisleach 's iad a' tionndadh gu teicheadh.

[Clàr 79] Bho'n tha iad a-nise gun taic, tha na coisichean calma aig Cope a' teannadh ri losgadh: tha mosgaidean a' brùchdadh teine agus smùid a' bhàil. Tha na dearganaich a' feuchainn ri stad a chur air làn-mara nan gaisgeach Gaidhealach!

[Clàr 80] Ach an uair a bhuaileas an ruathar, chan urrainn dha na dearganaich seasamh ris an sgleog. Tha sgread nan leòinte a' lionadh an èadhair, 's tha na coisichean a' bristeadh às na rangannan sgor-fhiaclach ac'.

[Clàr 81] 'S iad air am maoinneadh 's air an claoidh, tha am marcshluagh Breatannach a' ruigheachd Taigh Bail' a' Bhruaich, far a bheil na h-oifigich a' feuchainn gun stàth ri'n sùrd catha ath-thogail.

[Clàr 82] Ach tha na marcaichean fhathast ag iarraidh teicheadh, 's tha iad a' bacadh an rathaig a-mach à Prestonpans . . .

[Clàr 83] Agus bhon tha an rathad bacte, tha na coisichean air an dinneadh ri ballachan Taigh Phreston. Chan eil teicheadh ann, agus tha an t-àr oilteil.

[Clàr 84] Ach tha cuid de shaighdearan calma a' feuchainn ri seasamh. Tha commanndair às an àite fhèin, an Còirneal Gardiner, gan toirt còmhla, ach le buille sgaiteach, tha tuagh Abrach ga leagadh far an eich aige.

[Clàr 85] Mar a tha a' chòmhrag a' sìothladh, tha Gardiner air a lorg fo dhroigheann aonranach a' bàsachadh . . .

[Clàr 86] . . . tha an gill' aige ga chur air cairt 's ga shladadh chun a' mhans' ann an Tranent.

[Clàr 87] Taobh thall a' bhàil, aig Taigh Chùil Choinnich, ghèill Geàrd a' Bhagaiste: tha na Gaidhil bhualadh air cuilidh-airm Shir Iain a lorg!

[Clàr 88] Ach chan eil ùine aig Cope gu bhith draghail mu dheidhinn sin! Còmhla ris na th' aice fhathast de mharcachaichean beò, tha e ag aideachadh a' challa 's a' teicheadh a dh'ionnsaigh Tranent.

[Clàr 89] Aig an aon àm tha am Prionnsa buadh-mhor a' gairm a chuid Ghaidheal gu òrdugh: chaidh an latha leis anns gach dòigh. Ach tha e daingeann gum feumar dèiligeadh gu math ris na prìosanaich air fad, 's tha e a' gairm air làmh-lighichean a thighinn a fhrithealadh ris na leòinte air an dà thaobh.

[Clàr 90] Ann am mansa Thranent chan eil dad eile a ghabhas dèanamh air son a' Chòirneil chròdha Gardiner. An seo tha e a' leigeil analach mu dheireadh fo chùram nam peathraichean Jenkinson. Shìos an staidhre tha Gaidhil bhualadh air gairdeachas.

[Clàr 91] Aig an aon àm chaidh an dachaigh aige fhèin, Taigh Bail' a' Bhruaich, 'na h-ospadal anns a bheil a' frithealadh gu cùramach ri lotan nan dearganach 's nan Gaidheal ri chèile.

Price £1/€1

[Clàr 92] An dèidh dha deanamh cinnteach gun deach òrdaighean a leantainn, tha Teàrlach a' tarraing air ais gu Taigh Pinkie ann am Baile nam Fiasgan.

[Clàr 93] San eadar-àm tha Clann Donnchaidh a' slaodadh leotha carbad Shir Iain Cope: tha gach nì a bhuineas dha, eadar a chuid chòtaichean bèin 's an teòclair a bhiodh e 'g òl, a-nise 'nan creach!

[Clàr 94] Agus tha na fir aige, na dearganaich uallach, a' tòiseachadh a' mheàrs ghoirid sgitheil a Dhùn Èideann. Tha còrr agus mìle saighdear – an dà chuid Sasannaich agus Albannaich – a-nist 'nam prìosanaich aig Teàrlach.

[Clàr 95] B'e seo an naidheachd a bh' aig Sir Iain ri innse dha na maighstirean aige nuair mu dheireadh a ràinig e sàbhailteachd ballachan Bhèaraig.

[Clàr 96] A-nise tha Teàrlach buadhach a' tilleadh gu Taigh an Ròid. Ged a sheachnas e gairdeachas follaiseach . . .

[Clàr 97] . . . cha b'e sin do na fir aige, 's iad a' spreadhadh le toileachas air sràidean Dhùn Èideann mun bhuaidh a choisinn iad dhan Phrionnsa, agus do Rìgh Seumas!

[Clàr 98] Agus anns an lùchairt rìoghail, tha na h-uaislean a' tighinn 'nan dròbhan a thoirt ùmhlachd dhan cheannard reubaltach: bha mòran a thug tàire dhan chùis a-nist a' dannsadh sna bàlaichean poblach aige.

[Clàr 99] Ach tha tàirneanaich nan canan a' bristeadh na h-aislinge! Tha caisteal mòr Dhùn Èideann fhathast an làmhnan Rìgh Deòrsa 's a' diùltadh gèilleachdainn . . .

[Clàr 100] . . . agus sann a-mhàin le bhith a' leigeil solair a-staigh dhan Chaisteal a thèid aig a' Phrionnsa air na gunnathan mòra a chumail sàmhach. Mar mhalairt, tha an Caisteal a' fuasgladh an airgid a tha ga chumail ann do Bhanca Rìoghail na h-Alba. A-nise tha de mhaoin aig Teàrlach a leigeas leis an cogadh a chur air adhart.

[Clàr 101] Agus tha an t-arm aige a' fàs nas motha a h-uile latha. A dh'aithghearr tha còrr agus 5,000 duine fo bhrataich. Tha iad a' trèanadh le'n cuid arm ann am Pàirc an Ròid.

[Clàr 102] Sann mar sin tha duaisean na buadha. Dh'ath-ùraich na Frangaich cuideachd an taic do Theàrlach. Chuir iad an ainm ri co-aonta mòr agus gheall iad tuilleadh cobhair a chur thiuge.

[Clàr 103] Agus le gach nì a' tionndadh 'na fhàbhar, bhrùidh Teàrlach a' chomhairle aige gu bhith deanamh a' chodhunaidh as cudromaiche aice: b'e 'n t-àm e, ars esan, a bhith dol thar crìochan Shasainn a mheàrsadh air Lunnainn!

[Clàr 104] Agus sann mar sin a bhà. Air Latha Samhna 1745 mheàrs an t-arm à Dùn Èideann 's a-staigh do sheanchas nam bàrd. Bha e mar nach robh dad a chuireadh stad orra, na gaisgich chalma Ghaidhealach ud le'm Prionns'!

CODHUNADH

Bhuail arm a' Phrionnsa domhainn a-staigh do chridhe Shasainn. Ràinig iad Derby ann an toiseach na Dùbhlachd. Bha Teàrlach na bu lugha na seachdain bho Lunnainn, agus bha Rìgh Deòrsa an impis teicheadh.

Ach bha eagal air na h-oifigearan gun robh arm mòr air thoiseach orra, agus fhathast cha robh sgeul air na Frangaich. Thionndaidh iad 's thill iad, nì a dh'fhàg Teàrlach fo mhealladh dùil a bha searbh. Chaill iad an spionnadh 's an smachd a bh' ac' air gnothaichean 's cha d'fhuair iad air ais iad a-riamh.

Ruith nàmhaid Theàrlaich air ais a dh'Albainn e, gus – a dh'aindeoin buaidh bhriogh-mhor eil' ann am Blàr na h-Eaglaise Brice – an deach Teàrlach a bhualadh mu dheireadh sa Ghiblean 1746.

Ge-tà, chan urrainn don chall dheireannach sin cuimhn' air gach nì mòr a choilean Teàrlach a dhubhadh às. Fada as dèidh dha sgur a bhith 'na bhòcan bha eagal air a nàimhdean ro ainm. Cha b' urrainn do dhuine diochuimhn' a dheanamh air a' Phrionnsa iongantach seo, le a dhòchasan 's a mhiannan: ach os cionn gach nì, cha b' urrainn do dhuine diochuimhn' a dheanamh air a' bhuaidh a thug e air Blàr Shliabh a' Chlamhain, neo Blàr Phrestonpans!

TAIPEIS PHRESTONPANS



RO-RÀDH

Prestonpans, Alba.

Ann an Iuchar 2010 chaidh am baile-cladaich beag seo an sàs ann am fear de na pròiseactan ealain as adhartaiche a chuireadh an gnìomh ann an Alba sna bliadhnan seo chaidh. Fhreagair còrr agus 200 saor-thoileach às gach pàirt de dh'Albainn, agus beagan á thall thairis, a' ghairm gus tachartas a chomharradh a ghabh àite an seo ann am Prestonpans 265 bliadhna roimhe.

'S iad ag obair ri sgeidsichean a rinn Anndra Crummy, bha na saor-thoilich seo a' stri gu bhith a' cruthachadh tè de na h-obraichean-grèise as fhaide san t-saoghal. 'S i 105 meatair fada, tha i cho cliùiteach 'na dòigh fhèin ris an sgeulachd a tha i 'g innse.

Ann an 1745 bha Alba 'na dùthaich sgàinte. Bha seann taigh rìoghail nan Stiùbhartach air fhògradh, agus bha prionnsachan Hanòbhair a' riaghladh ann am Breatann. B'e àm an Dara Rìgh Deòrsa a bh' ann. Ach a-nise dh'èirich dùbhlann mòr ris a' chathair aige.

Thàinig am Prionnsa Teàrlach air tìr ann an Alba a dh'ath-thagrachd na h-oighreachd aige. A dh'aindeoin mealladh dùil agus mì-mhisneachadh chruthaich e arm a-mach á neoini, agus mheàrs e a thoirt dùbhlann do dh'ùghdarras Rìgh Deòrsa.

Bha an t-ùghdarras sin air a riochdachadh le Seanalair Sir Iain Cope agus leis an arm phroifeiseanta a bh' aige de shaighdearan dearga.

Dà rìgh a' tagradh aon chrùin.

Dà arm a' cothachadh air son nàisein.

Seo an sgeulachd aca.

Seo Taipeis Bhlàr Phrestonpans!

PRÌOMH SHEANCHAS

[Clàr 1] Tha ar sgeul a' tòiseachadh ann an 1744, aig Palazzo Muti san Ròimh: athair agus mac a' leigeil soraidh slàn le chèile. Ach chan e teaghlach cumanta tha seo, seo na Stiùbhartach Rìoghail. Tha am Prionnsa Teàrlach a' fàgail athar air a chùlaibh, oir gheall rìgh na Frainge a chuideachadh gus a' chathair aca ath-bhuannachadh.

[Clàr 2] Ach tha na planaichean Frangach a' dol a dholaidh: tha stoirm uabhasach ag èirigh mar gum b' ann á neoinitheachd. Tha an cabhlach mòr air a sgapadh fad is farsaing 's air a reubadh 'na bhloighean. Tha na Frangaich a' call cridhe 's tha aig Teàrlach ri a chobhair fhèin a lorg.

[Clàr 3] Chan eil e a' toirt suas. Fo 22 Ògmhios 1745 tha e aig St Nazaire, ullamh ris an adhbheinntear aige a thòiseachadh. Tha e air a bhith ag obair cruaidh . . .

[Clàr 4] Air dòigh air choreigin lorg Teàrlach an t-airgead gu dà luing ghasa thoirt air mhàl: an *Du Teillay* – air a bheil e fhèin a' dol air bòrd – agus *l'Elisabeth*, a tha e a' lionadh le airm, goireasan agus 700 saighdear Frangach.

[Clàr 5] Ach tha mì-fhortan a' bualadh a-rithist, oir tha long aig Rìgh Deòrsa, an *Lion*, a' tachairt ris a' mheanbh-fheachd ionnsaigheil. Tha na gunnathan cumhachdach aig *l'Elisabeth* a' dol an sàs. Uair bho uair tha na canain a' punndadh, a' sgoltadh dheileachan agus a' bualadh mharaichean!

[Clàr 6] 'S iad le chèile buailte 's criplaichte, tha an *Lion* agus *l'Elisabeth* a' tilleadh bacach chun nam port dachaigh aca. Tha long bheag Theàrlaich an *Du Teillay* a-nis leatha fhèin, le glè bheag de ghoireasan agus gun na saighdearan deatamach Frangach idir.

[Clàr 7] Ach tha Teàrlach a' diùltadh tilleadh. Tha e brùthadh air adhart tro mharannan stoirmeil air a rathad chun a' chinn-uidh' aige: Alba!

[Clàr 8] Agus mu dheireadh air 23 Iuchar, tha e ruigheachd gainmheach mhìn Èirisgeigh. 'S e fo bhreug-riochd, aghaidh falaicht' air cùl ùr-fheusag, ràinig Teàrlach an tìr a tha e 'n dùil uaireigin a riaghladh. Tha e a' grunnachadh gu h-uallach gu tìr. Air a chùl, tuitidh an sìol a dh'fhàsas gu bhith 'nan *Ròs Theàrlaich*.

[Clàr 9] Ach se fàilte mheadh-bhlàth a tha roimhe. Cha do smaoinich duine gum meantraigeadh e tighinn 'na aonar. “Rachaibh dhachaigh!” tha Fear Bhaghasdail ag agairt. “Thàna mi dhachaigh,” tha am Prionnsa a' freagairt.

[Clàr 10] 'S e bodhar ris na rabhaidhean, tha Teàrlach Eideard a' seòladh nas fhaide 's a' ruigheachd tìr-mòr faisg air Àrasaig. Bha fios aige gum b' ann an seo a choileanadh e a dhàn.

[Clàr 11] Tha e toirt nan làithean a leanas aig bòrd-sgrìobhaidh ann an Taigh Bhorghadail, a' cur litrichean gu na cinn-chinnidh 's na tighearnan as fhaisg' air làimh. Gun armailt Fhrangach, dh'fheumadh e tè a thogail dha fhèin!

[Clàr 12] Tha taic a' tòiseachadh a' tionail: fhreagair Clann Dòmhnail a' ghairm, agus le Mac 'ic Ailein, Mac 'ic Raghnaill na Ceapaich agus Mac Iain Ghleanna Comhann, faodaidh Teàrlach slàinte athar òl: Rìgh Seumas a h-Ochd 's a Trì!

[Clàr 13] Is gann gur e armailt a th' ann an Clann Dòmhnail leotha fhèin ge-tà! Tha na làithean a' slaodadh mar a tha Teàrlach a' gabhail a-null 's a-nall 'na sheòmar ann am Borghadal – fo imcheist, draghail, so-leòinte.

[Clàr 14] Ach tha e leagte nach trèig e an iomairt cho tràth! Tha na h-airm 's na goireasan air an òrdachadh gu tìr far an *Du Teillay*, agus tha an long air a h-ullachadh ri togail oirre. Ach mus fàg i, tha Teàrlach a' coinneachadh ri Loch Iall . . .



[Clàr 15] . . . ri Camshronach Loch Iall, an ceann-cinnidh as cumhachdaiche san àird’ an-iar. Tha esan cuideachd a’ toirt rabhadh do Theàrlach gu bheil na cunnartan ro mhòr, ach tha eud Theàrlaich ga bhuannachadh: “Gabhaidh mi mo chuid fhìn de chrannchur mo Phrionnsa,” tha Loch Iall a’ mionnadh.

[Clàr 16] Agus mar sin faodaidh Teàrlach dealachadh ris an luing aige ’s am meàrrs a thòiseachadh. Rèidhtich e *rendez-vous* dhan luchd taic aige, ’s tha an ceann-latha a’ tighinn. Tha e a’ gluasad a-staigh do Mhùideart.

[Clàr 17] Agus tha an t-arm meanbh aige a’ fàs rud beag nas motha: tha Iain Moireach a’ tighinn thuige an seo, ’s tha am facal a’ tòiseachadh a’ sgoileadh air feadh na rìoghachd gun do thill Teàrlach Stiùbhart dhachaigh!

[Clàr 18] Tha am beagan a thàinig air tìr còmhla ris a’ sìor dhol ’nan cuspair sgeòil: Seachdnar Mhùideart. Còmhlan neònach Shasannach, Albannach, Èireannach. Saighdearan cuid, tighearnan cuid, ’s iad dileas gu’n cùl.

[Clàr 19] Ach shiubhail guth air na tachartasan mòra seo gu luath. Seo a-nist 16 Lùnastal, agus ràinig an naidheachd Dùn Èideann. Tha na similearan trom le smùid agus a h-uile h-àmhainn sa mhòr-bhaile a’ fuine nan ceudan de bhuileannan do dh’arm Rìgh Deòrsa. Bha cogadh air fàire.

[Clàr 20] Gu dearbh, thòisich e mar-thà! Tha buidheann bheag de dhearganaich, a-muigh air chuairt-faire ann an Loch Abar, air an gabhail gun fhiosd faisg air an Drochaid Mhòir! Tha na Gaidhil a’ losgadh bho chùl nan creag ’s nan craobh, gun an nàmhaid gam faicinn: ’s iad fo bhreisleach, a’ creidsinn gun robh iad cuartaichte, tha na dearganaich a’ gèilleadh, ’s tha a’ bhuidheann bheag de Ghaidhil a’ leantainn orra gu’n ceann-uidhe.

[Clàr 21] Sann ann a tha Teàrlach a’ dol cuideachd. Aig Dail Eilghe tha e coinneachadh ris a’ bhàrd ainmeil Alastair mac Mhaighstir Alastair mus tèid e air bòrd birlinn.

[Clàr 22] Air 19 Lùnastal tha cabhlach beag a’ toirt a’ Phrionnsa ’s an fheachd aige suas Loch Seile air an rathad chun an àite chruinneachaidh, Gleann Fhionain.

[Clàr 23] Aig an aon àm tha an t-Arm Breatannach, dileas do Rìgh Deòrsa, a’ tighinn air adhart á Dùn Èideann, leagte air cur às dhan ar-a-mach seo mus tèid e á smachd buileach.

[Clàr 24] Agus ann an Gleann Fhionain, tha dàil mhòr Theàrlaich seachad. Tha Loch Iall a’ tilleadh thuige, an turas seo le 600 fear ’na chois. Tha fineachan eile an seo cuideachd, agus tha rudeigin coltach ri arm aig Teàrlach mu dheireadh.

[Clàr 25] Agus mar sin le gean mòr, tha a’ Bhratach Rìoghail air a togail, agus ri gairdeachas làn-ghuthach o na fir, a’ lìonadh an adhair le’m boineidean, tha Teàrlach a’ gealltainn dhaibh buaidh nach diochuimhnichear gu bràth. Thòisich Bliadhna Theàrlaich!


[Clàr 26] Mar sin tha na gill a’ dol an àirde. Ann an Lunnainn tha an Rìgh feargach a’ tabhann duais £30,000 – suim anabarrach mòr – son am Prionnsa chur an greim. Tha sàbhailteachd Rìgh Deòrsa an eisimeil Sir Iain Cope ’s an Airm Dheirg a tha a’ meàrrsadh gu tuath.

[Clàr 27] Tha Teàrlach a’ cluinntinn mun duais ’s a’ tabhann na tè aige fhèin. Ma dh’fhaodas pris a bhith air ceann prionnsa, gabhaidh an aon rud a dhanamh do rìghrean!

[Clàr 28] Anns an eadar-àm stad am Prionnsa ’s an t-arm aige ann am Fasadh Feàrna. On loidseadh aige an sin tha a shùil a’ laighe air blàth eireachdail de ròsan geala. Tha e a’ buain a’ bhlàth as fheàrr ’s ga chur ’na aid. Bho seo a-mach bidh cocàrd geal sa bhoineid aig gach duin’ a leanas e.

[Clàr 29] Tha a-nis mu 1,500 de luchd leantainn aige: gu leòr air son dùbhlana a thoirt do Shir Iain Cope agus na dearganaich aige. Mar sin tha iad a’ meàrrsadh air adhart tro bheanntan ’s tro ghlinn, a’ seachnadh gearastan dubh an riaghaltais aig Inbhir Lòchaidh . . .

[Clàr 30] Tha an aimsir a’ tionndadh suarach, ach fhathast tha am Prionnsa a’ brosnachadh nan Gaidheil air an aghaidh: tha an t-uisge a’ sìleadh ’s an tàirneanach ann nuair a ruigeas iad Caisteal Inbhir Garadh. Ach tha tuilleadh dhaoine a’ tighinn ’nan lùib, agus leanaidh am meàrrs.



[Clàr 31] Chan eil an gearastan beag ann an Cille Chuimein comasach an t-arm Gaidheilach a bhacadh o bhith dìreach a-mach bealach brìoghmhor a’ Choire Ghearraig.

[Clàr 32] Ach ged a ràinig Sir Iain Cope fhèin an ceann eile thug e a chreidsinn air fhèin gu bheil an nàmhaid a’ feitheamh ris mar-thà, agus tha na h-oifigich aige ag aontachadh nach b’ fheàrr dhaibh blàr a chur anns a’ bhealach chumhang.

[Clàr 33] Agus mar sin tha na Gaidhil a’ leantainn orra tarsainn nam beann gun dùbhlana. Chan eil an garbhlach a’ cur maill sam bith air astar meàrrs a’ Phrionnsa!

[Clàr 34] ’S gun sgeul air an Arm Dhearg, tha feachd beag Gaidheilach a’ toirt ionnsaigh air Gearastan Ruadhainn. Ach tha na ballachan tiugha a’ seasamh ri’n spàirn: tha smùid air mosgaidean o na h-uinneagan ’s tha feadhainn air an dochann. Gu glic, tha na Gaidhil ga leigeil seachad.

[Clàr 35] Bha Sir Iain Cope cuideachd a’ leigeil seachad gach dùil ri ionnsaigh! ’S e a’ meàrrsadh air Inbhir Nis, tha e cur litrichean gu a mhaighstirean a’ gealltainn dhaibh nach seachain e ’m blàr an ath turas . . .

[Clàr 36] ’S an rathad romhpa a-nis gun chnap-starradh, aig Caisteal a’ Bhlàir tha Teàrlach a’ leigeil fois le chuid shaighdearan. Mar dhibhearsain tha e a’ cumail bàl, a’ cluiche bhobhlaichean, fiùs a’ feuchainn a chiad anainn . . .

[Clàr 37] . . . mus gluais iad a Pheart. Tha tuilleadh dhaoine a’ tighinn ’na lùib a-nis, ’nam measg am Morair Deòrsa Moireach agus Diùc Pheairt, a tha dol ’nan iar-seanalairean aige. Bhuaithe seo, faodaidh Teàrlach gluasad a-staigh dhan Ghalldachd gun dùbhlana.

[Clàr 38] Tha Sir Iain Cope làn fhiosrach air seo. Tha e a’ greasad an airm aige gu Obar Dheathain, ’s e ro dheònach a bhith ann an Dùn Èideann mus ruig na Reubaltaich e!

[Clàr 39] Fad na h-ùine seo tha na Gaidhil a’ brùthadh nas fhaide gu deas. Aig Dùn Bhlàthain tha fàilte bhlàth aca: tha maighdeann òg a’ dol ’na tuaineal an làthair a’ Phrionnsa ’s a’ pògadh a bhrògan seach a làmh!

[Clàr 40] Ruigear a-nise an cnap-starradh mu dheireadh ro Dùn Èideann: Abhainn Dubh na Foirthe. Agus am Prionnsa ’nan ceann, tha na Gaidhil a’ dol a-staigh do dh’uisgeachan fionnar Àtha nam Friùthachan.

[Clàr 41] Ach tha an rathad às na Friùthachan a’ toirt nan Gaidheil faisg air Caisteal Shruighlea. Tha gunnathan mòra a’ ghearastain a’ losgadh mar dhùbhlana ris na Reubaltaich, ach tha an t-Arm a’ meàrrsadh roimhe gun fhiamh.

[Clàr 42] Agus a-nise tha am Prionnsa Teàrlach a’ ruigheachd na h-Eaglaise Brice. Gun fhios dhàsan, tillidh e an seo an ceann ceithir mìosan a chur a’ bhàl as motha sa chogadh . . .

[Clàr 43] Ach tha a’ chuairt seo nas maille, agus aig Taigh Chaladair tha Iarla Chille Mheàrnaig a’ gabhail anns a’ Chùis.

[Clàr 44] Air an dearbh latha sin, 14 Sultain, thèid aig an Arm Dhearg mu dheireadh air a dhol air bòrd luingeas ann an Obar Dheathain. Cò as luaithe a ruigeas, bàtaichean Shir Iain, neo brògan a’ Phrionnsa?

[Clàr 45] Tha ’n t-adhartas math, agus a dh’aithghearr tha luingeas-trùpa Chope a’ tarraing dlùth dhan Fhoirthe: tha rèis againn!

[Clàr 46] Tha sùrd air na Gaidhil cuideachd. Tha iad a’ stad greiseag ann an lùchairt shìnsreil nan Stiùbhartach aig Linn Iucha, deiseil ris an t-sràc mu dheireadh a dh’ionnsaigh a’ cheannabhaile.

[Clàr 47] ’S e a’ tighinn tro Chrois Torfainn a champachadh aig Baile Sglèat, tha Teàrlach a-nis astar feadaireachd á Dùn Èideann. Tha e a’ sgrìobhadh chun a’ Phròbhaist, ag iarraidh air muinntir a’ bhaile gabhail ris mar am Prionnsa’ aca gus uabhas seiste a sheachnadh.

[Clàr 48] Tha Saor-Thoilich Dhùn Èideann a’ cluinntinn gu bheil e faisg agus ag ullachadh ris am baile a dhion. Ach air an rathad a dh’ionnsaigh nan geatachan, tha mòran dhiubh a’ leigeil smuaintean gaisge an dara taobh.

[Clàr 49] Nì nach eil ’na iongnadh, oir bha muinntir a’ bhaile air an uabhasachadh a’ faicinn mar a theich am marcsluagh Breatannach a’ chiad sùil gun tug iad air saighdearan



Gaidheilach aig Drochaid Cholt. ’S b’e iadsan an aon fhìor dhòchas mu dheireadh a bh’ aig Baile Dhùn Èideann!

[Clàr 50] Mar thoradh, dh’òrdaich am Pròbhaist Gilleasbaig Stiùbhart an clag-teine a sheirm gus comhairle a ghairm . . .

[Clàr 51] Ach tha na coinneamhan a’ dol ’nam breisleach an uair a ruigeas facal deireannach a’ Phrionnsa!

[Clàr 52] Agus mu dheireadh ruigidh an t-Arm Gaidheilach na geatachan: ann an uairean beaga na maidne air 17 Sultain, chaidh Geat’ a’ Bhogh’ Ìochdair fhosgladh gu tubaisteach agus thuit am baile.

[Clàr 53] Tha am Prionnsa Teàrlach a’ ruigheachd Taigh an Ròid: tha Seumas Hepburn a’ tarraing a chlaidhimh ’s a’ treòrachadh a mhaighstir rìoghail a-staigh dhan lùchairt.

[Clàr 54] ’S iad ro fhadalach gu Dùn Èideann a shàbhaladh, tha na dearganaich a’ tighinn far luinge aig Dùn Barra air an aon latha.

[Clàr 55] Rì linn sin tha muinntir Dhùn Èideann a’ gairm Rìgh Sheumais aig Crois a’ Mhargaidh . . .

[Clàr 56] . . . feadh ’s gu bheil na Gaidhil a’ campachadh ann am Pàirc an Ròid.

[Clàr 57] Tha am Prionnsa a’ dol far a bheil na h-oifigearan aige ann am Baile Dhoidein a ghabhail beachd air an naidheachd gun tàinig Sir Iain air tìr. Tha am beachd aon-ghuthach: feumaidh iad blàr a chur!

[Clàr 58] Mar sin, tha an dà arm a’ meàrrsadh air adhart: tha na dearganaich a’ deanamh air Bail’ Adainn le canain, eich agus coisichean. Nì iad sealladh uallach air an t-slighe’ aca tro dhùthaich Loudaidh an-Ear.

[Clàr 59] Ach tha am Prionnsa’ a’ stad greiseag, oir laigh a shùil air “na caileagan as bòidheche” a chunnaic e fhathast ann an Alba! Tha e toirt fàbharan do Bheitiris agus Màiri Jenkinson mar chomharran gun do chòmhlaich iad.

[Clàr 60] Tha Sir Iain a’ bualadh far an rathaid àird mun ruig e Sliabh a’ Chlamhain. Thèid e null gu fearann rèidh a’ chladaich ’s e dlùthachadh air Prestonpans.

[Clàr 61] Tha Teàrlach a’ toirt nam fear aige leis tarsainn na seann Drochaid Ròmanaich aig Baile nam Fiasgan, gan greasad air adhart le faclan brosnachail . . .

[Clàr 62] . . . mar a tha iad a’ dol tro Inbhir Uisg, agus suas dhan talamh àrd faisg air Tranent.

[Clàr 63] Nuair chì iad na Gaidhil air a’ bhràighe, tha na fir aig Sir Iain a’ cuibhleachadh timcheall ’nan sreathan-blàir.

[Clàr 64] Agus nuair a loisgeas cuid de na Camshronaich sìos orra bho Chladh Thranent, tha canain Chope a’ losgadh air ais! Seo ciad urchairean Blàr Phrestonpans!

[Clàr 65] Bho nach eil iad deònach cron fhulang gun bhuannachd, tha na Camshronaich a’ treigsinn na h-eaglaise. Cha bhiodh blàr ann an latha sin . . .

[Clàr 66] Tha boglach domhainn eadar an dà arm, a’ dìon nan dearganaich bho ionnsaigh far a’ bhràighe. Ach tha fear Raibeart MacAnndrais á Whitburgh eòlach air slighe mun cuairt, agus innsidh e sin dha na h-oifigich.

[Clàr 67] Agus mar a tha an oidhche a’ tarraing a-staigh, tha am Prionnsa a’ sgrùdadh a’ cheum a tha a’ sìneadh a-mach gu Ceann na Bailce ’s thairis an-ear air campa Chope. Tha e a’ tòiseachadh a’ cur innleachd a’ bhlaire aige ri chèile.

[Clàr 68] Chan eil Cope air son cothroman a ghabhail, ’s tha e cur 500 fear air dleasnas gearr. Tha saighdearan frionasach a’ cluinntinn comhartaich chon fad às. Saoil dè as coireach, tha iad ag ràdh riutha fhèin.

[Clàr 69] Se na Gaidhil! Tha an t-arm aca a’ fàgail aig ceithir uairean sa mhadainn air 21 Sultain ’s ag ealadh a-staigh dhan dochadas . . .

[Clàr 70] A dh’aithghearr cluinidh na geardan an nàmhaid a’ tighinn air aghaidh! Tha iad ag èibheadh a-mach ’nan dùbhlana, ’s tha gunna a’ losgadh gu caismeachd a thogail.

[Clàr 71] Tha na dearganaich a’ dol ’nan uidheam ’s ’nan rangannan. Tha na h-oifigich a’ cuibhleachadh an t-sreath-bhlàir gu mìn a thoirt aghaidh ris a’ bhagairt gun dùil an ear.